

## Gairm gu Ùrnaigh: Latha na Sàbaid 10mh dhen Dàmhair 2021 Ùrnaigh aig 7f

Càite an lorg sinn gràs a chuideachas sinn ann an àm ar feuma?  
Chan ann mar sin gu buileach a dh'fhaighneachas Litir gu na h-Eabhraich an ceist, ach tha e ga fhreagairt co-dhiù. Tha e gar stiùireadh gu 'Iosa, Mac Dhè'-am fear a chuideachas sinn agus a bheir sinn gu làthaireachd Dhè.  
Is ann an-diugh àm ar feuma, agus tha an domhain air fad ann am feum cruaidh.

San là a th' ann, seallaidh sinn don Àrd-Shagart a dh'fhairich agus a dh'fhulaing gach rud a dh'fhairich agus a dh'fhulaing sinn fhìn.  
Tha fios againn gun cuidich an Tì sin sinn gus an an tig sinn "le dànachd gu rìgh-chathair nan gràs, airson 's gun tèid tròcair a thoirt dhuinn agus gum faigh sinn gràs airson cuideachaidh tràthail." (Eabh. 4: 16)

Mar a theirear san laoidh:

*Fa chomhair cathair Dhè gu h-àrd  
Tha agamsa Fear-tagraidh fìor,  
Àrd-Shagart mòr as ainm Dha Gràdh  
Tha beò 's tha tagradh dhòmhs' gu sìor.*

Dèanamaid ùrnaigh:

A Dhè bheò,  
Dèan tròcair oirnn  
Agus deònaich dhuinn gràs ann an àm ar feuma;  
tha sinn a' strì  
agus tha aithne ro gheur againn air ar laigsean fhèin.  
A Thighearna, na do thròcair,  
èist ri ar n-ùrnaigh.

A Dhè bheò,  
Dèan tròcair oirnn,  
Agus deònaich dhuinn gràs ann an àm ar feuma;  
Oir is àithne dhuinn trioblaidean an t-saoghail  
agus am pian a shàraicheas iomadh neach.  
A Thighearna, na do thròcair,  
èist ri ar n-ùrnaigh.

A Dhè bheò,  
Dèan thròcair oirnn,  
Agus deònaich dhuinn gràs ann an àm ar feuma;  
oir is àithne dhut sinn, agus tha gràdh agad dhuinn,  
agus tha thu gar sireadh agus gar teàrnadh agus sinn caillte.  
A Thighearna, na do thròcair,  
èist ri ar n-ùrnaigh.

A Dhè bheò,  
Dèan thròcair oirnn,  
Agus deònaich dhuinn gràs ann an àm ar feuma;  
oir tha thu ag iarraidh oirnn gun gràdhaich sinn ar coimhearsnach,  
agus gun giùlain sinn eallachan càch a chèile.  
A Thighearna, na do thròcair,  
èist ri ar n-ùrnaigh.

A Dhè bheò,  
Dèan thròcair oirnn,  
Agus deònaich dhuinn gràs ann an àm ar feuma;  
oir tha sinn a' tighinn le dànachd gu rìgh-chathair nan gràs,  
le misneachd gun cluinn thu gaoir do phobaill.  
A Thighearna, na do thròcair,  
èist ri ar n-ùrnaigh.